



DEISEAL

Heruka 2/2, 13 Kelvinside Terrace South, Glaschu, G20 6DW
fòn: 0141 581 6139 post-d: oifis@ulpan.co.uk <http://www.ulpan.co.uk>

Dreach Plana Nàiseanta na Gàidhlig

'S e obair air leth a tha seo ann an iomadach dòigh agus tha sinn an dòchas gum faigh Bòrd na Gàidhlig barrachd na gearrain ma dheidhinn, oir 's e sgrìobhainn reusanta agus luachmhor a tha innte gun teagamh.

Agus gu nàdarra, bha sinne, mar ghnòthach earranta, a' sireadh an t-àite a bhios aig buidhnean na roinne prìobhaidh ann am meòrachadh a' Bhùird. Is cinnteach nach eil smachd reachdail aig a' Bhòrd air buidhnean taobh a-muigh na roinne poblaich ACH mas e plana *nàiseanta* a tha seo feumaidh an sealladh a bhith nas leatha - air an nàisean air fad.

Cha d' fhuaras barrachd na sreath no dhà ann siud 's a seo mu chom-pàirteachas le buidhnean neo-phoblach. 'S e briseadh-dùil a tha seo. Bu mhath leinn beachd a chur air adhart; ged nach eil am pailteas de ghnòthaich ann fhathast ag obair ri ath-beothachadh a' chànain, tha iad a' dol a bhith a' sìor-fhàs nas cudromaiche sna bliadhnaichean romhainn, dìreach mar a bha 's a tha iad sa Chuimrigh (m.e. ACEN). Feumaidh saoghal ùr na Gàidhlig cur às do "dh'fheallsanachd a' chròiteir": meanbh-tuathanachas gun phrothaid nach gabhadh dèanamh às aonais tabhartas an Riaghaltais - agus feallsanachd a' mhalairtiche a chur na h-àite: feumaidh Gàidhlig (am meadhan agus am bathar) agus soirbheas ionmhasail siubhal còmhla. Mar a tha am Plana chun na h-ìre seo tha an cuideam buileach a' toirt taic do na buidhnean (poblach) a tha stèidhichte mar-thà, gun fheart a thoirt air leasachadh san àm ri teachd nuair nach bi (no nach bu chòir, mas ann air inbhe shlàin a tha sinn ag amas) an cànan a' cur earbsa ann an carthannas cugallach saoghal na Beurla.

Carson a tha Alba cho diùid mar dùthaich mu chom-pàirteachas prìobhaideach a bhith na phàirt de ro-innleachd nàiseanta?

Dàibhidh Grannd
Co-stiùiriche